



Ar n-Amas

Mar phàirt de Ro-innleachd Casg Bàthaidh na h-Alba, tha Sàbhailteachd Uisge na h-Alba ag amas air atharrachadh tar-ghinealach a chur air adhart gus barrachd foghlam sàbhailteachd agus barrachd spòrs ann an, agus timcheall air uisge, a bhrosnachadh

Le prìomh fhòcas air a bith a' brosnachadh Còd Sàbhailteachd Uisge na h-Alba. Ag aithneachadh a' phrìomh àite a th' aig foghlam, tha sinn a' toirt taic do na cleachdaichean uile gus barrachd leasachaidh a dhèanamh air tuigse agus mothachadh chloinne is dhaoine òga air na cunnartan a tha an lùib uisge fosgailte, a' toirt cothrom dhaibh pàirt a ghabhail gu sàbhailte ann an gnìomhachdan stèidhichte air uisge.

Tha solar foghlam sàbhailteachd uisge a tha iomchaidh a thaobh aois is ìre a' toirt taic do chloinn is dhaoine òga eadar 3 is 18 bliadhna a dh'aois gus eòlas, sgilean agus tuigse luachmhor a thogail a thaobh sàbhaladh beatha. Bidh am moladh a th' ann an-dràsta gum bi aon leasan ann airson gach prìomh ìre foghlaim a' toirt taic ri bhith a' leabachadh foghlam sàbhailteachd uisge agus a' cur ri adhartas taobh a-staigh a' Churraicealaim airson Sàrmhathais.

Bidh gnìomhan leudachaidh a bharrachd rim faighinn cuideachd tro Fhoghlam Alba gus cur ris an eòlas ionnsachaidh tro Hub Leasachaidh Nàiseanta Foghlam Alba agus làrach-lìn Sàbhailteachd Uisge na h-Alba.

Slàinte agus Sunnd Eòlas agus Builean

- **Tha mi ag ionnsachadh cunnart a mheasadh agus a làimhseachadh, mi fhìn agus daoine eile a dhìon, agus cron a lùghdachadh far an gabh e dèanamh.**
HWB 0-16a / HWB 1-16a / HWB 2-16a / HWB 3-16a / HWB 4-16a
- **Tha fios agam air, agus is urrainn dhomh sealltainn, mar a shiùbhlas mi gu sàbhailte.**
HWB 0-18a / HWB 1-18a / HWB 2-18a / HWB 3-18a / HWB 4-18a
- **Tha mi a' faighinn barrachd tuigse air bodhaig dhaoine agus 's urrainn dhomh am fiosrachadh seo a chleachdadh gus mo shunnd agus mo shlàinte a chumail suas agus piseach a thoirt orra.**
HWB 0-15a / HWB 1-15a / HWB 2-15a / HWB 3-15a / HWB 4-15a
- **Tha fios agam air, agus is urrainn dhomh sealltainn, mar a chumas mi mi fhìn agus daoine eile sàbhailte agus mar a dhèiligeas mi ri raon de shuidheachaidhean èiginneach.**
HWB 0-17a / HWB 1-17a / HWB 2-17a / HWB 3-17a / HWB 4-17a

Còd Sàbhailteachd Uisge



**Stad agus Smaoinich,
Aithnich na Cunnartan**



**Fuirich Còmhla,
Fuirich Faisg**



Ann an Suidheachadh Èiginn, cuir fòn gu 999

Clàr-innse

- 1 Tràth-ìre 2
- 2 A' Chiad Ìre 3
- 3 Dàrna Ìre 4
- 4 An Treas/Ceathramh Ìre 5
- 5 An Ìre as Àirde 6 - 7

1 Tràth-ìre



Amasan agus builean ionnsachaidh	Prìomh abairtean is faclan	Prìomh cheistean	Gnìomhan a dh'fhaodar cleachdadh san leasan	Gnìomhan leudachaidh
<p>Buil ionnsachaidh</p> <p>Gus tòiseachadh air tuigse fhaighinn air mar as urrainn dhut cumail sàbhailte agus spòrs a bhith agad ann agus timcheall air uisge.</p> <p>Builean ionnsachaidh</p> <p>Tha mi a' tuigsinn, ged as urrainn uisge a bhith spòrsail, gum feum mi mo chumail fhìn sàbhailte timcheall air.</p> <p>Tha fios agam gum bu chòir dhomh daonnan a bhith faisg air inbheach nuair a tha mi faisg air uisge.</p> <p>Tha mi a' tuigsinn gu bheil cuid de rudan a' dol air fleod agus gum bi cuid eile a' dol fodha.</p> <p>Tha mi a' tuigsinn gu bheil diofar shèorsaichean uisge ann (aibhnichean, canàlan, a' mhuir, lochan, amaran-snàimh) agus gu bheil diofar chunnartan anns gach seòrsa.</p> <p>Tha tuigse nas fheàrr agam air na daoine a chuidicheas sinn.</p>	<p>Stad agus Smaoinich – Aithnich na Cunnartan;</p> <p>Uisge</p> <p>A' cumail sàbhailte Fuar</p> <p>Blàth</p> <p>Crith</p> <p>Fuirich Còmhla, Fuirich Faisg</p> <p>Fuirich faisg air inbheach / pàrant / neach-cùraim</p> <p>Spòrs</p> <p>Ann an Suidheachadh Èiginn, Cuir Fòn gu 999</p> <p>Cobhair</p> <p>Air fleod</p> <p>Crosgag</p> <p>Feuch ri fuireach ciùin is socair Cuir Fòn gu 999</p>	<p>Stad agus Smaoinich, Aithnich na Cunnartan</p> <p>Ciamar a tha sinn a' faireachdainn nuair a tha rudeigin a' cur dragh oirnn?</p> <p>Smaoinich air trì rudan a lorgadh tu aig... (tràigh, abhainn, loch).</p> <p>Dè an diofar eadar a' mhuir agus abhainn?</p> <p>Fuirich Còmhla, Fuirich Faisg</p> <p>Dè na rudan as toil leat a bhith a' dèanamh le do theaghlach/peathraichean no bràithrean/caraidean?</p> <p>Carson a tha e cudromach a bhith a' fuireach còmhla?</p> <p>Cia mheud duine a bha faisg air uisge?</p> <p>Am faca duine sam bith amar-snàimh?</p> <p>Dè am fios a th' againn mu dheidhinn snàmh? An urrainn don h-uile duine snàmh?</p> <p>Cò ris a tha e coltach a bhith a' splaiseadh ann an lòn no a' grunnachadh sa mhuir?</p> <p>Dè dh'fheumas tu toirt leat airson turas dhan tràigh?</p> <p>Dè a dh'fheumas tu cur ort airson coiseachd san uisge / splaiseadh ann an lòintean?</p> <p>Ann an Suidheachadh Èiginn, cuir fòn gu 999</p> <p>Cò as urrainn do chuideachadh ma bhios tu ann an trioblaid? (Inbhich earbsach – pàrantan agus luchd-cùraim.)</p> <p>Cò as urrainn do chuideachadh ma chì thu cuideigin ann an trioblaid?</p> <p>Carson a bhiodh e uamhasach cunnartach a dhol a-steach dhan uisge gus cuideigin a chuideachadh?</p> <p>Carson nach bu chòir dhut a dhol a-steach dhan uisge?</p>	<p>Stad agus Smaoinich, Aithnich na Cunnartan</p> <p>Bogsa bruidhne: bidh sgoilearan a' suathadh agus a' faireachdainn nan rudan sa bhogsa airson còmhradh a bhrosnachadh (gogglean, bannan-gàirdein, searbhadair, dìon-ghrèine, ad, speucairean-grèine, sligean, gainmheach is msaa.)</p> <p>Cleachd dèideagan inflatable gu sàbhailte - dè tha freagarrach airson an amar-snàimh agus airson na mara? (Ciamar a chleachdadh gu sàbhailte iad - thoir fa-near: tha dèideagan inflatable airson amaran-snàimh a-mhàin agus feumaidh daoine daonnan a bhith a' cumail sùil fhad 's a tha iad gan cleachdadh, agus cha bu chòir an toirt dhan tràigh uair sam bith.)</p> <p>'Baga tràghad' – tha dealbh aig sgoilearan de bhaga tràghad agus feumaidh iad dealbh a tharraing sa bhaga de na rudan a bheireadh iad leotha airson latha air an tràigh. Faodaidh dealbhan air a' bhòrd smaoineachadh a bhrosnachadh, a' gabhail a-steach nithean nach biodh cho sàbhailte (sgudal, glainne bhriste is msaa).</p> <p>Fuirich Còmhla, Fuirich Faisg</p> <p>Gabh ort gu bheil thu air chrith - dè tha gar cumail blàth?</p> <p>Tarraing loidhne timcheall air leanabh òg - is e seo ar bodhaig, dè as urrainn dhuinn a dhèanamh gus fàs blàth?</p> <p>Ann an Suidheachadh Èiginn, Cuir Fòn gu 999</p> <p>A' cleachdadh cluich uisge gus am bun-bheachd fleòdradh a thoirt a-steach. Nithean eadar-dhealaichte a bhios a' fleòdradh ann an dòighean eadar-dhealaichte (dh'fhaodadh seo a dhol air adhart tro dhiofar aoisean leasachaidh). Thoir fa-near: feumaidh teagasg sam bith mu fhleòdradh coimhead air seo, agus mar sin sealltainn dòighean anns am b' urrainn clann nas òige cleachdadh fhaighinn de bhith a' fleòdradh gu sàbhailte aig leasan snàimh no le stiùireadh bho phàrant no neach-gleidhidh.</p>	<p>Cleachd ionnsramaidean ciùil gus ceòl uisge/mara a dhèanamh.</p> <p>Òran Còd Sàbhailteachd an Uisge</p> <p>Thoir fa-near: airson na h-ìre seo tha sinn a' coimhead air sgeulachdan, rannan agus òrain chloinne sònraichte a dh'fhaodar a chleachdadh airson adhbharan deasbaid. (Taobh a-staigh gnìomhan leudachaidh</p> <p>– ceanglaichean litearrachd nas fharsainge a tha a' toirt taic do shàbhailteachd uisge agus a' coimhead air uisge ann an dòigh thaiceil.) Is dòcha gum bi an t-oifigear litearrachd agad comasach air tuilleadh stiùiridh agus taic a thoirt seachad.</p> <p>'Bookbug': dèan ceangail ris a' bhuidhinn Bookbug ionadail agad. Seiseanan Bookbug a dh'fhaodadh a bhith freagarrach:</p> <p>Bobbing Up and Down</p> <p>All the Little Ducks Go Upside Down</p> <p>Five Little Ducks</p> <p>Row Row Row your Boat</p> <p>The Big Ship Sailed on the Ally Ally Oh</p> <p>Leabhraichean air am moladh:</p> <p><i>A Harey Day at the Seaside</i>, Hedley Griffin</p> <p><i>The Singing Mermaid</i>, Julia Donaldson</p> <p><i>A Treasure at Sea for Dragon and Me</i>, Jean Pendziwol</p>

Amasan agus builean ionnsachaidh	Prìomh abairtean is faclan	Prìomh cheistean	Gnìomhan a dh'fhaodar cleachdadh san leasan	Gnìomhan leudachaidh
<p>Amasan ionnsachaidh</p> <p>A bhith a' tuigsinn nan cunnartan ann an, agus timcheall air, uisge.</p> <p>Gus tuigse fhaighinn air mar as urrainn uisge a bhith cunnartach agus mar as urrainn dhuinn a bhith sàbhailte agus spòrs fhaighinn timcheall air.</p> <p>Builean ionnsachaidh</p> <p>Tha fios agam cò dha a chuireas sinn fios ann an</p> <p>suidheachadh èiginn agus cò bhios gar cuideachadh.</p> <p>Tha fios agam mar a gheibh mi taic.</p> <p>Tha fhios agam gun urrainn ionnsachadh snàmh</p> <p>mo chumail slàn, gnìomhach agus sàbhailte.</p> <p>Tha fhios agam mar a thèid mi air fìor air mo dhruim ma bhios duilgheadas agam san uisge (dèanamh cumadh rionnaige san uisge gus mo chuideachadh a' dol air fìor).</p> <p>Tha fios agam gum faod uisge fuar buaidh a thoirt orm (gu faireachail no gu corporra).</p> <p>Tha fios agam gum bu chòir dhomh fuireach còmhla ri mo charaidean agus ri inbhich faisg air uisge.</p> <p>Tha fios agam air na h-eadar-dhealachaidhean eadar fìor-uisge agus sàl.</p>	<p>Stad agus Smaoinich, Aithnich na Cunnartan</p> <p>Uisge fuar Cunnartan Doimhneachd uisge Aimsir</p> <p>Cunnartan falaichte</p> <p>Fuirich Còmhla, Fuirich Faisg</p> <p>Fuirich faisg air inbheach / pàrant / neach-cùraim</p> <p>Cùm taobh a-staigh na doimhneachd agad</p> <p>Bi ullachd airson turas</p> <p>Ann an Suidheachadh Èiginn, Cuir Fòn gu 999</p> <p>Suidheachadh èiginneach Fleòdradh 999</p> <p>Feuch ri fuireach ciùin is socair</p> <p>A' snàmh nad sheasamh (treading water - ri dheasbad a bheil sin iomchaidh airson na h-ìre seo)</p> <p>Èigh airson cobhair</p> <p>Faigh inbheach</p>	<p>Stad agus Smaoinich, Aithnich na Cunnartan</p> <p>A bheil e a' còrdadh riut a bhith san uisge?</p> <p>Dè na gnìomhan spòrsail as urrainn dhut dèanamh gu sàbhailte ann an no faisg air uisge?</p> <p>An urrainn dhut smaoinich air àm nuair a chuir rudeigin eagal ort faisg air uisge no gun robh eagal ort ro uisge?</p> <p>Dè an t-àite as sàbhailte airson a bhith a' snàmh. An urrainn dhut snàmh?</p> <p>Ciamar a chumas sinn sàbhailte faisg air uisge?</p> <p>Dè na gnìomhan as urrainn do dhaoine a dhèanamh ann an agus timcheall air uisge?</p> <p>Ciamar a tha e a' faireachdainn a bhith a' leum a-steach do dh'amar-grunnachaidh no amar-snàimh?</p> <p>Ciamar a dh'fhaodadh e a bhith a' faireachdainn a bhith a' tuiteam a-steach do dh'uisge fuar?</p> <p>Cò as urrainn ar cuideachadh ma tha sinn aig an tràigh?</p> <p>Fuirich Còmhla, Fuirich Faisg</p> <p>A bheil cuideigin ann gus sùil a chumail orm - caraid / teaghlach / neach-gleidhidh beatha?</p> <p>Carson a tha e cudromach fuireach faisg air inbheach nuair a tha thu faisg air uisge?</p> <p>Nam robh thu a' dol a-mach a chur seachad beagan ùine faisg air uisge, cò a bhiodh còmhla riut agus càite an rachadh tu?</p> <p>Ann an Suidheachadh Èiginn, Cuir Fòn gu 999</p> <p>Ciamar a bhios tu a' gairm airson cuideachadh?</p> <p>Dè an àireamh a bu chòir dhut fònadh ann an suidheachadh èiginn?</p> <p>Carson a tha e cudromach gun a bhith a' dol a-steach dhan uisge gus duine no beathach a chuideachadh uair sam bith?</p> <p>Dè dhèanadh tu nam biodh do chù ann an trioblaid anns an uisge? Carson a tha e cudromach gun a bhith a' dol a-steach dhan uisge gus duine no beathach a chuideachadh uair sam bith?</p>	<p>Stad agus Smaoinich, Aithnich na Cunnartan</p> <p>Ceistean deasbaid (no gnìomhachd 'Aithnich na cunnartan').</p> <p>Fuirich Còmhla, Fuirich Faisg</p> <p>Stèiseanan bleedraigidh: aithris agus ceist – bidh sgoilearan a' bruidhinn mun aithris agus mun cheist, a' clàradh am freagairt, agus a' gluasad chun an ath stèisein. Seo eisimpleirean:</p> <p>Ciamar a chumas sinn sàbhailte faisg air uisge?</p> <p>Dè na gnìomhan as urrainn dhuinn dèanamh gu sàbhailte air an tràigh?</p> <p>Dè a dh'fheumas sinn a thoirt dhan tràigh airson latha sàbhailte is spòrsail a bhith againn?</p> <p>An urrainn dhut smaoinich air àm nuair a chuir rudeigin eagal ort faisg air uisge</p> <p>no gun robh eagal ort ro uisge?</p> <p>Ann an Suidheachadh Èiginn, Cuir Fòn gu 999</p> <p>Cartùn Coincheap (Concept cartoons): Tha suidheachadh air a thoirt seachad ann an cruth cartùn agus tha ceathrar dhaoine eadar-dhealaidh a' toirt seachad diofar aithrisean/bheachdan timcheall air an dealbh seo.</p> <p>Eisimpleir: ann am meadhan na sgrion tha dealbh de chuideigin aig an tràigh agus am ball aca air gluasad a-mach gu muir.</p> <p>Tha neach a h-aon ag ràdh: Bu chòir dhuinn a dhol a-steach ga fhaighinn, chan eil an t-uisge a' coimhead ro dhomhainn.</p> <p>Tha neach eile ag ràdh: Bu chòir dhuinn cuideachadh iarraidh air an neach-teasairginn . Bu chòir dhuinn am ball fhàgail, tha e ro cunnartach a dhol a-steach is msaa.</p> <p>Geàrr-chunntas air Còd Sàbhailteachd Uisge WSS.</p>	<p>Rin cruthachadh fhathast.</p>

3 An Dàrna Ìre



Amasan agus builean ionnsachaidh	Prìomh abairtean is faclan	Prìomh cheistean	Gnìomhan a dh'fhaodar cleachdadh san leasan	Gnìomhan leudachaidh
<p>Builean ionnsachaidh</p> <p>Gus tuigsinn mar as urrainn dhut cumail sàbhailte agus spòrs a bhith agad ann agus timcheall air uisge.</p> <p>Builean ionnsachaidh</p> <p>Tha fios agam nach bu chòir dhomh mi fhèin a chur ann an cunnart uair sam bith.</p> <p>Tha tuigse mhath agam air clisgeadh uisge fuar (carson a bhios e a' tachairt agus a' bhuaidh as urrainn dha toirt air mo bhodhaig).</p> <p>Tha fios agam dè nì mi ma bhios mi ann an trioblaid san uisge.</p> <p>Tha fios agam mar a chumas mi mi fhìn agus daoine eile sàbhailte, agus mar a dhèiligeas mi ri suidheachadh èiginn.</p> <p>Tha fios agam mar a dh'ìarras mi cuideachadh bho sheirbheis èiginn gu ciùin</p> <p>agus dè am fiosrachadh a dh'fheumas mi innse dhaibh.</p> <p>Tha mi a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e a bhith ullachichte airson gnìomhachd faisg air uisge. Tha fios agam gum bu chòir dhomh 'stad agus smaoinich' mu na cunnartan ann an uisge agus timcheall air.</p> <p>Tha fios agam dè an comas snàimh a th' agam agus air crìochan mo chomais.</p>	<p>Stad agus Smaoinich, Aithnich na Cunnartan</p> <p>Uisge fuar A' Cumail sàbhailte</p> <p>Aimsir</p> <p>Cunnartan</p> <p>Doimhneachd</p> <p>Nearn an uisge</p> <p>Cunnartan falaichte</p> <p>Teothachd an uisge</p> <p>Measadh riosgan</p> <p>Fuirich Còmhla, Fuirich Faisg</p> <p>Fuirich faisg air inbheach/</p> <p>pàrant/neach-cùraim/ Cùm taobh a-staigh na doimhneachd agad</p> <p>Ullaich mus tèid thu air turas</p> <p>Ann an Suidheachadh Èiginn, Cuir Fòn gu 999</p> <p>Suidheachadh Èiginn</p> <p>A' dol air fleod Fleòdradh 999</p> <p>A' snàmh nad sheasamh</p> <p>Sgoladh (sculling)</p> <p>Feuch ri fuireach ciùin is socair</p> <p>Èigh airson cobhair</p> <p>Faigh inbheach</p>	<p>Stad agus Smaoinich, Aithnich na Cunnartan</p> <p>Dè dh'fhaodadh a bhith cunnartach mu bhith snàmh ann an abhainn (canàl/tràigh/loch)?</p> <p>Ma tha thu a-muigh ri taobh abhainn còmhla ri do charaidean agus ma tha cuideigin a' moladh gun snàmh sibh, dè a dhèanadh tu? Dè na cunnartan a dh'fhaodadh a bhith ann? Ciamar a chanadh tu nach robh thu deònach?</p> <p>Fuirich Còmhla, Fuirich Faisg</p> <p>Carson a tha e cudromach a bhith a' fuireach còmhla?</p> <p>Am bi thu daonnan ag innse do chuideigin càit a bheil thu a' dol agus cuin a tha thu an dùil tilleadh?</p> <p>Nan robh thu a' dol a-mach a chur seachad ùine faisg air uisge, cò a bhiodh còmhla riut agus càite an rachadh tu?</p> <p>An urrainn dhut smaoinich air àm nuair a chuir rudeigin eagal ort faisg air uisge no gun robh eagal ort ro uisge?</p> <p>Ann an Suidheachadh Èiginn, Cuir Fòn gu 999</p> <p>Dè a dhèanadh tu ann an suidheachadh èiginn? Dè a' chiad rud a bu chòir dhut dèanamh?</p> <p>Dè bu chòir dhuinn dèanamh ann an suidheachadh èiginn? Carson a tha e cudromach fuireach ciùin?</p> <p>Dè am fiosrachadh a dh'fheumas tu a thoirt seachad ann an gairm fòn 999?</p> <p>Ciamar a tha fios agad dè cho domhainn 's a tha an t-uisge? Carson a bhios ìre an uisge ag atharrachadh?</p> <p>Carson nach bu chòir dhut a dhol a-steach dhan uisge gus cuideigin a chuideachadh uair sam bith? Dè dhèanadh tu an àite seo?</p>	<p>Stad agus smaoinich, Aithnich na Cunnartan</p> <p>Gnìomhan mu bhith ag aithneachadh riosgan (faic na cunnartan) seach cuideigin ag innse dhut gu bheil cunnartan ann.</p> <p>Fuirich Còmhla, Fuirich Faisg</p> <p>Ceithir iomhaighean eadar-dhealaichte air an sgrìobhadh a' sealltainn ceithir diofar àiteachan. Anns na buidhnean aca, feumaidh sgoilearan planadh airson latha a-muigh</p> <p>dhan àite seo, a' smaoinich air na leanas: an aimsir, na dh'fheumas iad a thoirt leotha, a bheil e sàbhailte a dhol ann is msaa. Feumaidh sgoilearan an uair sin aithris a dhèanamh</p> <p>air ais dhan chlas (neach-labhairt agus sgrìobhaiche air ainmeachadh). Faodaidh sgoilearan 'measadh' a dhèanamh air an fhios air ais bho chàch a chèile stèidhichte air slatan-tomhais (m.e. An do smaoinich iad air na dh'fheumadh iad toirt leotha?</p> <p>An tug iad sùil air an aimsir?).</p> <p>Ann an Suidheachadh Èiginn, Cuir Fòn gu 999</p> <p>Smaoinich-Rach ann am Paidhir-Co-roinn:</p> <p>Cleachdadh sgrùdaidhean cùise (fior no ficseanail): deasbad air sgrùdadh cùise, dè thachair, carson agus dè dhèanadh iad san t-suidheachadh sin.</p> <p>Gèarr-chunntas air Còd Sàbhailteachd Uisge WSS.</p>	<p>Dè na gnìomhan a b' urrainn dhut a bhith an sàs ann gu h-ionadail a tha a' gabhail a-steach uisge?</p> <p>Suirbhidh coimhearsnachd air uidheam teasaiginn poblach – dè tha seo? A bheil fhios agad ciamar a chleachdas tu e? Cuine a chleachdadh tu e? Carson nach bu chòir dhut cluich leis uair sam bith?</p> <p>Pròiseact conaltraidh coimhearsnachd anns am bi a' bhuidheann/clas a' sgrùdadh uidheamachd sàbhailteachd san sgìre aca agus riosgan ionadail.)</p> <p>Bhiodh mu bhith a' dèanamh cho-dhùnidhean agus deasbad. (Gheibhear barrachd fiosrachaidh is gnìomhan an seo).</p>

4 An Treas/Ceathramh Ìre

Amasan agus builean ionnsachaidh	Prìomh abairtean is faclan	Prìomh cheistean	Gnìomhan a dh'fhaodar cleachdadh san leasan	Gnìomhan leudachaidh
<p>Builean ionnsachaidh</p> <p>Gus tuigse fhaighinn air na cunnartan a tha an lùib uisge, a' gabhail a-steach buaidh clisgeadh uisge fuar.</p> <p>Gus tuigse fhaighinn air na ceumannan bacadh a chuidicheadh gus thu fhèin agus daoine eile a chumail sàbhailte.</p> <p>Builean ionnsachaidh</p> <p>Tha mi a' tuigsinn na buaidh aig clisgeadh uisge fuar agus nas urrainn dhomh a dhèanamh gus a lùghdachadh.</p> <p>Tha fhios agam mar a thèid mi air fleod air mo druim ma bhios duilgheadas agam.</p> <p>Tha fios agam cò dha a chuireas mi fios ann an suidheachadh èiginn, mar a nì mi sin ann an dòigh chiùin (agus dè am fiosrachadh a bheir mi dhaibh).</p> <p>Tha mi a' tuigsinn nach gabh a h-uile cunnart fhaicinn.</p> <p>Tha mi a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e a bhith ullaichte airson turas no gnìomhachd faisg air uisge agus mar a lùghdaicheas tu cunnart.</p> <p>Tha fios agam gu bheil mòran bhuannachdan an lùib snàmh, a' gabhail a-steach a bhith gnìomhach agus fallain.</p>	<p>Stad is Smaoinich, Aithnich na Cunnartan Riosg</p> <p>Cunnart Measadh riosgan leantainneach Hypothermia</p> <p>Doimhneachd an uisge</p> <p>Nearn an uisge</p> <p>Cunnartan falaichte</p> <p>Sruthan Tìde-mhara</p> <p>Fuirich Còmhla, Fuirich Faisg</p> <p>Fuirich ann am buidhinn.</p> <p>Daonnan innis do chuideigin càit a bheil thu a' dol agus cuin a tha thu an dùil tilleadh</p> <p>Air fleod</p> <p>Dòigh gus cuideachadh iarraidh</p> <p>A' planadh turas gu uisge</p> <p>Ann an Suidheachadh Èiginn, Cuir Fòn gu 999</p> <p>Rach air Fleod</p> <p>Cuir fòn gu 999</p> <p>Uidheam sàbhailteachd Tuathalachd Fuirich ciùin</p> <p>Èigh airson cobhair</p>	<p>Stad agus Smaoinich, Aithnich na Cunnartan</p> <p>Carson nach eil cuid de na cunnartan seo ri fhaicinn no furasta fhaicinn? Dè a th' anna?</p> <p>Ciamar as urrainn uisge a bhith cunnartach?</p> <p>Ciamar a tha uisge eadar-dhealaichte ann an diofar àiteachan? Mar eisimpleir, ciamar a tha loch eadar-dhealaichte ri abhainn?</p> <p>Ciamar as urrainn do dh'uisge a bhith spòrsail? Dè na gnìomhan a tha a' còrdadh riut?</p> <p>Ciamar a dh'fhaodadh tu a dhol an sàs ann an gnìomhachdan ionadail ann an dòigh shàbhailte?</p> <p>Fuirich Còmhla, Fuirich Faisg</p> <p>Am bi thu daonnan ag innse do chuideigin càit a bheil thu a' dol agus cuin a tha thu an dùil tilleadh?</p> <p>An bi thu a' toirt leat dòigh gus cuideachadh iarraidh, mar eisimpleir, fòn?</p> <p>Am bi thu daonnan a' dol a-mach ann am buidheann, no còmhla ri inbheach? Carson a tha e cudromach a bhith a' fuireach còmhla?</p> <p>Ann an Suidheachadh Èiginn, Cuir Fòn gu 999</p> <p>Carson a tha e cudromach fuireach ciùin?</p> <p>Dè am fiosrachadh a dh'fheumas na seirbheisean èiginn gus tighinn dhan àite cho luath 's a ghabhas?</p> <p>Dè a th' ann an clisgeadh uisge fuar? Dè a' bhuidheann a bheireadh tuiteam no leum a-steach do dh'uisge fuar ort gu corporra agus gu faireachail?</p> <p>Ciamar a chuidicheas fleòdradh air do dhruim thu ann an { suidheachadh èiginn? 4 }</p> <p>Ciamar a tha e a' faireachdainn a bhith a' leum a-staigh do dh'amar-snàimh? Ciamar a dh'fhaodadh e a bhith a' faireachdainn a bhith a' leum a-steach do dh'uisge fuar a-muigh?</p> <p>An urrainn fios a bhith agad dè cho domhainn 's a tha an t-uisge? Dè na cunnartan falaichte a dh'fhaodadh a bhith ann? Carson a bhios ìre an uisge ag atharrachadh?</p>	<p>Stad agus Smaoinich, Aithnich na Cunnartan</p> <p>Smaoinich-Rach ann am Paidhir-Co-roinn: "Cha bhi mi a' gabhail riosgan timcheall air uisge uair sam bith."</p> <p>Feumaidh sgoilearan smaoinich air an aithris agus a bhith deiseil am beachdan a thoirt seachad.. Cleachd sreath leantainneach bho 1 gu 10 (1 = ag aontachadh gu tur, 10 = ag eas-aontachadh gu tur) gus am beachd aca a shealltainn.</p> <p>Ceithir dealbhan air a' bhòrd a' sealltainn diofar àrainneachdan uisge. Liosta de cheistean deasbaid air a' bhòrd gus còmhraidhean a stiùireadh. Ceist dùbhlain air an sgrion: Dè na h-eadar-dhealachaidhean a th' ann eadar snàmh ann an amar-snàimh agus anns a' mhuir?</p> <p>Tha sgoilearan a' faighinn diofar 'chinn-uidhe' le side agus suidheachaidhean measgaichte. Feumaidh iad obrachadh ann am paidhrichean no ann am buidheann gus plana a dhèanamh air dè dh'fheumas iad a thoirt leotha, na cunnartan air am feumadh iad beachdachadh agus air mar a dh'fhaodadh iad cunnartan a sheachnadh agus spòrs a bhith aca. Bheir buidhean fios air ais dhan chlas.</p> <p>Fuirich Còmhla, Fuirich Faisg</p> <p>Clisgeadh Uisge Fuar: irean clisgeadh uisge fuar A' cleachdadh bucaid uisge fuar, bidh dithis shaor-thoilich a' cur an làmhnan sgrìobhaidh dhan uisge. Dè cho fada 's as urrainn dhaibh an làmhnan</p> <p>a chumail a-staigh? Ciamar a tha e a' faireachdainn? Ciamar a bhiodh iad a' faireachdainn nan tuiteadh iad ann an uisge fuar gun dùil? Thathar</p> <p>an uair sin ag iarraidh air na saor-thoilich peann a chleachdadh gus feuchainn ris an ainm a sgrìobhadh air pàipear às dèidh dhan làmh a bhith san uisge. Ciamar a tha e a' faireachdainn? An do mhothaich iad eadar-dhealachadh?</p> <p>Ann an Suidheachadh Èiginn, Cuir Fòn gu 999</p> <p>Bidh sgoilearan a' tilleadh dhan ghnìomhachd thùsail leis an dealbh air an d' rinn iad measadh. Till do na ceistean – am freagradh iad ann an dòigh eadar-dhealaichte? Geàrr-chunntas air Còd Sàbhailteachd Uisge WSS.</p>	<p>Seòrsachadh chairtean no tarraing dealbh – feumaidh sgoilearan saighead a chur bhon phrìomh theirm co-cheangailte ri buaidh clisgeadh uisge fuar chun an deilbh .den fhigear. Bidh seo a' sealltainn nam buaidhean aig clisgeadh uisge fuar air a' bhodhaig (buidhean gearr-ùine gu fad-ùine).</p> <p>Bhidio goirid aig an RNLI – tha seo a' gabhail a-steach fiosrachadh tòiseachail mu fhleòdradh mar dhòigh gus mairsinn beò.</p> <p>Gnìomh leudachaidh roghainneil gus beachdachadh air an sgeulachd fhìor aig Cameron Lancaster. Tha seo a' gabhail a-steach bhidio goirid. Feumar seo a dheasbad gu mothachail, agus feumar rabhadh a thoirt seachad mus tèid a' bhidio a chur air. Bidh notaichean stiùiridh sònraichte ann airson na gnìomhachd a bharrachd seo.</p> <p>Gnìomhan coimhearsnachd (suirbhidhean, a' dol gu faiceallach gu làrach ionadail).</p> <p>Dè a' chomhairle sàbhailteachd uisge a bheireadh tu do chuideigin nas òige na thu fhèin? (Deagh chomhairle)</p> <p>Bidh sgoilearan a' coimhead air bhidio (a tha ga dhèanamh an-dràsta) de bhalach san abhainn. Tha e ag innse carson a chaidh e a-steach agus mar a tha e a' faireachdainn agus an t-uisge ag èirigh. Seo fiosrachadh tòiseachaidh mu chlisgeadh uisge fuar. Tha ceistean mun bhidio air a' bhòrd gus am beachdaich sgoilearan orra.</p>

5 An Ìre as Àirde



Amasan agus builean ionnsachaidh	Prìomh abairtean is faclan	Prìomh cheistean	Gnìomhan a dh'fhaodar cleachdadh san leasan	Gnìomhan leudachaidh
<p>Builean ionnsachaidh</p> <p>Gus tuigse fhaighinn air mar a nì thu ro-innse, measadh agus riaghladh riosgan ann an diofar àrainneachdan uisge.</p> <p>Gus ro-innleachdan a thuigsinn a chumas mi sàbhailte ann an uisge agus timcheall air.</p> <p>Builean ionnsachaidh</p> <p>Tha mi a' tuigsinn na buaidh aig clisgeadh uisge fuar agus mar as urrainn dhomh a lùghdachadh.</p> <p>Tha mi a' tuigsinn gun urrainn deoch làidir agus drogaichean buaidh mhòr a thoirt air mo cho-dhùnidhean ann an, agus timcheall air, uisge.</p> <p>Tha an t-eòlas agus a' mhisneachd agam gus deagh bhuaidh a thoirt air giùlan dhaoine eile a thaobh sàbhailteachd uisge.</p> <p>Is urrainn dhomh riosgan aithneachadh agus ceumannan a ghabhail gus cumail sàbhailte.</p> <p>Tha mi a' tuigsinn mar a gheibh mi a-mach mu ro-aithrisean na tìde, mun tìde-mhara agus mu astar na gaoithe.</p> <p>Tha fios agam mar a chumas mi mi fhìn sàbhailte tro mheasadh riosg leantainneach.</p> <p>Tha mi a' tuigsinn mar a nì mi ciad-chobhair agus ciamar a nì mi co-dhùnadh air cuine a bu chòir dhomh fios a chur do na seirbheisean èiginn.</p>	<p>Stad is Smaoinich, Faic na Cunnartan</p> <p>Riosg</p> <p>Cunnartan</p> <p>Measadh riosg leantainneach Sruthan</p> <p>Tìde-mhara Gaoth far a' chladaich</p> <p>Doimhneachd an uisge</p> <p>Clisgeadh uisge fuar</p> <p>Buaidh deoch làidir/ dhrogaichean</p> <p>Fuirich Còmhla, Fuirich Faisg</p> <p>A' snàmh nad sheasamh Sgoladh</p> <p>A' gabhail anail san uisge A' dol air fleod</p> <p>Dòighean a-steach is a-mach sàbhailte Dòigh air cuideachadh iarraidh, fòn-làimhe mar eisimpleir.</p> <p>Am faigh thu cothrom air?</p> <p>Ann an Suidheachadh Èiginn, Cuir Fòn gu 999</p> <p>Rach air fleod Cuir fòn gu 999</p> <p>A' toirt fios do na seirbheisean èiginn</p> <p>Uidheam sàbhailteachd Hypothermia Fulangas Tuathalachd Panaig</p> <p>Fèin-teasairginn A' cuideachadh leòinteach</p> <p>Uidheam teasairginn poblach</p>	<p>Stad agus Smaoinich, Aithnich na Cunnartan</p> <p>Dè a th' ann an gaoth far a' chladaich</p> <p>Ciamar a dh'fhaodadh na gnìomhan agad buaidh a thoirt air daoine eile?</p> <p>A bheil eòlas gu leòr agad airson a bhith sàbhailte timcheall air uisge?</p> <p>Ciamar as urrainn uisge a bhith cunnartach?</p> <p>Ciamar a chumas tu thu fhèin sàbhailte faisg air uisge?</p> <p>Ciamar a chruthaicheas tu measadh cunnairt leantainneach gus dèiligeadh ri diofar shuidheachaidhean èiginneach?</p> <p>Carson a tha cuid de chunnartan falaichte uaireannan?</p> <p>Dè na prìomh mhòlaidhean a bheireadh tu do dhuine òg mu shàbhailteachd uisge?</p> <p>Ciamar as urrainn do dhrogaichean agus deoch làidir buaidh a thoirt air do chomas gus co-dhùnidhean math a dhèanamh faisg air uisge? Dè a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith ann?</p> <p>Fuirich Còmhla, Fuirich Faisg</p> <p>Dè an comas snàimh a th' agad?</p> <p>Ciamar as urrainn dhut a dhol an sàs ann an gnìomhan spòrsail stèidhichte air uisge?</p> <p>Ciamar a b' urrainn dhomh am fiosrachadh sàbhailteachd seo a choinn le daoine mun cuairt orm?</p> <p>Dè na cothroman dreuchdail/saor-thoileach a tha ann dhomh ann an saoghal sàbhailteachd uisge is gnìomhachasan uisge?</p> <p>Ann an Suidheachadh Èiginn, Cuir Fòn gu 999</p> <p>Ciamar a chruthaicheas tu measadh riosg leantainneach gus freagairt ri suidheachaidhean èiginn? Carson a tha e cudromach fuireach ciùin?</p> <p>Dè am fiosrachadh a dh'fheumas mi toirt do na seirbheisean èiginn?</p> <p>Carson a tha fleòdradh air do dhruim ag àrdachadh a' chothruim gum mair thu beò?</p> <p>Carson nach bu chòir dhut a dhol a-steach dhan uisge gus cuideigin a chuideachadh uair sam bith? Cuine a bu chòir dhut fòn a chur gu 999?</p> <p>Dè as urrainn dhut dèanamh fhad 's a tha thu a' feitheamh ris na seirbheisean èiginn?</p>	<p>Stad agus Smaoinich, Aithnich na Cunnartan</p> <p>'Conver-stations': tha sgoilearan air an cur ann am buidhnean de cheathrar gu sìonar agus tha diofar ceistean deasbaid air an toirt dhaibh.</p> <p>Nuair a tha tìde gu leòr air a bhith aca gus dheagh deasbad a bhith aca, bidh aonan no dithis de na sgoilearan bho gach buidheann a' gluasad gu buidheann eadar-dhealaichte, agus bidh na buill eile a' fuireach far a bheil iad. Sa bhuidhinn ùir</p> <p>aca bruidhnidh iad air ceist eadar-dhealaichte, a' co-cheangailte agus is dòcha gun co-roinn iad cuid de na prìomh phuingeann bho chòmhradh na buidhne mu dheireadh aca. Airson na h-ath chuairt, faodar sgoilearan nach do ghluais roimhe a ghluasad, agus mar thoradh air sin bidh buidhnean ann a tha a' sìor atharrachadh (dh'fhaodadh seo a chur còmhla le sgrùdaidhean cùise).</p> <p>Fuirich Còmhla, Fuirich Faisg</p> <p>'Cathair feallsanachd': thèid aithris le dà fhreagairt a dh'fhaodadh a bhith ann (aontachadh no eas-aontachadh) a leughadh a-mach. Gluaisidh sgoilearan dhan dàrna taobh no dhan taobh eile den t-seòmar a rèir a bheil iad ag aontachadh leis an aithris seo no nach eil. Bhon àite sin, bidh sgoilearan a' gabhail cothrom mu seach gus argamaid a thoirt seachad airson nam beachdan aca, m.e. "Ma tha thu math air snàmh, chan urrainn dhut bàthadh" Faodar fiosrachadh a thoirt dhan chlas mean air mhean, a dh'fhaodadh am brosnachadh gus am freagairt atharrachadh.</p> <p>Ann an Suidheachadh Èiginn, Cuir Fòn gu 999</p> <p>Eisimpleir airson sgrùdadh cùise: bidh sgoilearan ag obair ann am buidhnean (le fianais air a thoirt seachad) gus beachdachadh air ceistean mu dè an suidheachadh a bh' ann, dè a thachair, ciamar a thachair e, ciamar a ghabhadh an suidheachadh a sheachnadh.</p>	<p>Còmhradh mu carson a bhios sinn a' gabhail riosgan (na diofar fhactaran air am bu chòir dhuinn beachdachadh).</p> <p>Ceistean deasbaid a bhrosnaicheas còmhradh mu dhrogaichean/deoch làidir agus gabhail riosgan.</p> <p>Dreuchdan ann an gnìomhachas a' bhàr a-muigh agus uisge.</p> <p>Gnìomhan timcheall air ceumannan practaigeach airson a ghabhail ann an suidheachaidhean èiginn. A' cleachdadh uidheamachd teasairginn phoblach gu sàbhailte, ciad-chobhair bhunaiteach.</p> <p>Gnìomh leudachaidh roghainneil gus beachdachadh air an sgeulachd fhìor aig Cameron Lancaster.</p> <p>Tha seo a' gabhail a-steach bhidio goirid. Feumar seo a dheasbad gu mothachail, agus feumar rabhadh a thoirt seachad mus tèid a' bhidio a chur air. Bidh notaichean stiùiridh sònraichte ann mun gnìomhachd a bharrachd seo.</p> <p>Pròiseactan buidhne mu shàbhailteachd ionadail – dè na cunnartan a th' ann, dè ghabhas dèanamh?</p>